

23 Giblean 2024

## A Phàrant/Neach-cùraim Chòir

Sa Ghearran 2024, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Sgoil Lionail agus air an Sgoil-àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Lorg an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Mura h-eil e air ainmeachadh, tha na nithean a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla thar nan ìrean air fad.

- Tha an ceannard an gnìomh air prìomh leasachaidhean a chur an gnìomh ann an dòigh air leth èifeachdach. Tha seo gus inbhean àrdachadh air bhun-stèidh gearr-ùine agus fad-ùine. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha i air deagh fheum a dhèanamh de dh'fhiosrachadh mu bhuileachadh, adhartas agus na nithean a tha cudromach don sgìre ionadail. Thathar a' cur deagh mheas air a sàr bhreithneachadh de cheannardas soilleir, amasach mu ionnsachadh, teagasg agus àrdachadh buileachadh.
- Tha a' chlann a' dèanamh deagh adhartas ann an litearras agus àireamhachd tro mheadhan na Gàidhlig, agus mar a tha iomchaidh, tron Bheurla. Tha a' chlann fulangach agus a' gabhail ri atharrachadh ann an deagh dhòigh. Bidh iad a' com-pàirteachadh gu dìorrasach ann an tachartasan ionnsachaidh a bhios ag àrdachadh dualchas an eilein, agus cànan agus cultar na Gàidhlig.
- Bidh a' chlann a' fèin-fhiosrachadh ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd tro chluich thar na tràth-ìre a tha brosnachail, brìoghmhor agus a' leasachadh cruthachalachd na cloinne ann an deagh dhòigh. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha seo a' leasachadh fileantas na cloinne gu math ann an raon de shuidheachaidhean bogaidh.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson a bhith air an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard an gnìomh.

- Tuilleadh togail a dhèanamh air na neartan ann an ionnsachadh agus teagasg gus dèanamh cinnteach à fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd don chloinn air fad thar na sgoile. Bu chòir don chloinn a tha a' coileanadh aig ìre nas àirde a bhith a' fèin-fhiosrachadh ionnsachadh nas dùbhланаiche.
- Leantainn ag àrdachadh buileachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan nas làidire airson leasachadh aig clann gus an làn chomas a choileanadh. Feumaidh clann ann am Foghlam Meadhan Beurla modh-obrach nas planaichte airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar chànan a bharrachd. Bu chòir dhan seo togail air am bogadh sa Ghàidhlig san sgoil-àraich.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</b>	<b>math</b>
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagraan)</a> . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puingean.	

Comharran càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>A' daingneachadh tèarainteachd adhartas na cloinne</b>	<b>math</b>
Gheibhear cunntasan de na luachaidhean bho: <a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia puingean.</a>	

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air tràth-ionnsachadh agus suidheachadh cùram-chloinne a' cleachdadh nan slatan-tomhais deagh-ghnè bho [Frèam-obrach càileachdail airson cùram-làitheil chloinne, cùram-chloinne agus cùram-chloinne aois-sgoile](#). Tha am frèam-obrach a' toirt taic do shuidheachaidhean, solaraichean agus luchd-sgrùdadh gus measadh a dhèanamh air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach suidheachadh, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a' dèanamh. Bidh luachaidhean Coimisean a' Chùraim cuideachd air an cleachdadh leis na h-ùghdarrasan ionadail an uair a bhios iad a' beachdachadh air mar a tha na suidheachaidhean a' coinneachadh ris an inbhe nàiseanta airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha maoinichte.

## Is iad luachaidhean Coimisean a' Chùraim airson an t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne:

Mion Luachaidhean	Luachadh
<b>Prìomh cheist 1:</b> Dè cho math 's a tha ar cùram, cluich agus ionnsachadh?	math
1.1 Ag àladh cùram agus taic	glè mhath
1.2 A' cluich agus ag ionnsachadh	math
<b>Prìomh cheist 2:</b> Dè cho math 's a tha an suidheachadh againn?	math
2.2 Clann a' fèin-fhiosrachadh ghoireasan de dh'àrd-chàileachd	math
<b>Prìomh cheist 3:</b> Dè cho math 's a tha ar ceannardas?	math
3.1 Tha dearbhadh càileachd agus leasachadh air an deagh stiùireadh	math
<b>Prìomh cheist 4:</b> Dè cho math 's a tha ar sgioba-obrach?	math
4.3 A' cur an gnìomh luchd-obrach	math

## Nithean riatanach a rèir Coimisean a' Chùraim airson an t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne.

Mar thoradh air an sgrùdadh, cha deach nithean riatanach a chomharrachadh.

## Chaidh raointean airson an leasachadh a chomharrachadh le Coimisean a' Chùraim airson an t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne.

Mar thoradh air an sgrùdadh, cha deach raointean airson an leasachadh a chomharrachadh.

## Riathanasan a chaidh a dhèanamh ron seo le Coimisean a' Chùraim airson suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne.

An uair a chaidh an sgrùdadh ron seo a dhèanamh le Coimisean a' Chùraim, bha trì nithean riatanach agus trì raointean leasachaidh san t-suidheachadh. Thathar air coinneachadh riutha air fad.

Bidh Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Details | Find an inspection report | Find an inspection report | Inspection and review | Education Scotland](#).

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle nan Eilean Siar do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca co-cheangailte ri bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Lorraine Barr  
Neach-sgrùdaidh a' Chùraim